Fèisean nan Gàidheal
Tuairisgeul-Obrach

Tiotal:	**Co-òrdanaiche Pròiseict**
Àite:	**Port Righ, Inbhir Nis no aig astar**
Tuarastal:	**£25,892 (pro rata)**
Ùine:	**Cùmhnant dà bhliadhna, pàirt-ùine (0.4 FTE, 14 uairean san t-seachdain) ach sùbailte**

Bun Fhiosrachadh

'S i buidheann nàiseanta a tha ann am Fèisean nan Gàidheal, ag obair còmhla ri còrr is 46 Fèisean ionadail air feadh Alba, a' toirt cothroim do dh'òigridh sgilean ealan Ghàidhlig ionnsachadh a bharrachd air obair ann am foghlam Gàidhlig agus tachartasan coimhearsnachd a ghabhail os làimh.

Le taic bho Mhaoin-Dualachais a' Chrannchuir, tha sinn a' sireadh co-òrdanaiche airson leasachadh a dhèanamh air a' phròiseact dualchais Fuaran. Bidh eòlas air stiùireadh phròiseactan chultarail agus rannsachadh air ceòl is òrain na bhuannachd, ach bidh trèanadh iomchaidh ga thoirt seachad. Bidh comasan Gàidhlig agus compiutaireachd aig àrd-ìre riatanach.

Bidh an neach soirbheachail stèidhichte ann am Port Righ no Inbhir Nis, le comas obair a dhèanamh aig astar. Ge b' e cait am bi an co-òrdanaiche stèidhichte, bidh feum air siubhal aig amannan mar phàirt den phròiseict.

'S e obair pàirt-ùine a tha seo, 14 uairean san t-seachdain, le dùil gun tèid na h-uairean a choileanadh thairis air dà latha slàn ged a bhitheamaid sùbailte còmhradh a chumail mu dhòighean eile na h-uairean a choileanadh le tagraichean aig a bheil ùidh san obair. Aig amannan bidh feum air uairean a bharrachd a dhèanamh agus gheibhear an ùine sin air ais tro shiostam TOIL na buidhne. Bidh an co-òrdanaiche ag obair mar phàirt den sgioba leasachaidh fo stiùir Manaidsear Leasachaidh na buidhne.

Is dòcha gum bi cothrom ann don tagraiche soirbheachail uairean a bharrachd a dhèanamh agus an obair a leudachadh gu pròiseactan eile anns am bi Fèisean nan Gàidheal an-sàs. Bhitheadh seo an urra ri aonta, toil an tagraiche agus freagarrachd an tagraiche don obair a bhios an lùib phròiseactan eile.

Prìomh ghnìomhan na dreuchd seo

- A' trusadh agus a' toirt taic do chom-pàirtichean Fuaran
- A' fastadh oidean agus luchd-taic airson deireadh-seachdain trèanaidh
- A' cur thachartasan trèanaidh aghaidh ri aghaidh air dòigh agus seiseanan air-loidhne rè na pròiseict

Le taic bho Bhòrd na Gàidhlig
WILLIAM GRANT FOUNDATION

- A’ cur sheiseanan clàraidh air dòigh
- Ag ùrachadh làrach-lìn na buidhne agus làrach Fuaran
- Ag ullachadh bhrathan naidheachd agus sanasachd mar a tha iomchaidh
- A’ cumail smachd air buidseat
- Ag ullachadh aithisgean ràitheil agus fiosrachadh sam bith eile a bhios a dhìth air luchd-maoineachaidh no air Fèisean nan Gàidheal.
- Rianachd co-cheangailte ris a’ phròiseict.

Gnìomhan eile

- Pàirt a ghabhail ann an tachartasan gan cur air dòigh le Fèisean nan Gàidheal, m.e. Cruinneachadh agus Coinneamh Bhliadhnail na buidhne
- Pàirt a ghabhail anns an t-siostam measaidh aig Fèisean nan Gàidheal
- Measadh cunbhalach a dhèanamh air a’ phròiseict
- A’ frithealadh làithean-trèanaidh airson luchd-obrach ma bhios sin iomchaidh
- Obair eile sam bith a tha taobh a-staigh crìochan na dreuchd seo no a bhios air aontachadh mar thaic do phròiseactan eile.

Sgilean pearsanta a tha a dhìth

- Bu chòir tagraichean a bhith fileanta anns a’ Ghàidhlig, le comas labhairt agus sgrìobhaidh. Bidh barrachd chuideam air sgilean labhairt sa chiad dol a-mach, agus trèanadh ann airson sgilean sgrìobhaidh a neartachadh mar a bhios iomchaidh
- Tha sinn a’ sireadh thagraidhean bho dhuine sam bith aig a bheil eòlas, neo foghlam freagarrach, co-cheangailte ris an t-seòrsa obrach a tha air a tabhann
- Bu choir ùidh a bhith aig tagraichean ann an obair nam Fèisean agus anns na h-ealain Ghàidhlig
- Comas obair a dhèanamh air an ceann fhèin, gun stiùir aig amannan
- Bidh eòlas air obair ann an raon coimhearsnachd gu math feumail
- Bidh eòlas air obair coimpiutairean deatamach gu sònraichte pròraman Microsoft 365 ‘s bhiodh eòlas air Adobe Acrobat, InDesign, Wordpress agus Photoshop buannachdail
- Bu chòir cead-draibhidh a bhith aig tagraichean.

Bidh an tuarastal a’ tòiseachadh timcheall air £25,892 (pro-rata) le àrdachaidhean gach bliadhna a rèir aontaidhean pàighidh nan ùghdarrasan ionadail. Cuiridh Fèisean nan Gàidheal 5% de thuarastal a-steach gu sgeama peinnsein na buidhne, ma bhios cosnadh gu leòr san dreuchd, agus bidh àrachas-beatha ann a bheireadh trì uiread den tuarastal don teaghlach agaibh nan caillear ur beatha fhad’s a tha sibh ag obair don bhuidhinn. Thèid cosgaisean co-cheangailte ris an dreuchd a phàigheadh a thuilleadh air tuarastal. Feumaidh an neach a shoirbhicheas a dhol tro sgrùdadh mar bhall den sgeama PVG aig Fèisean nan Gàidheal.

Feumaidh tagraichean cunntas-beatha slàn (ann an Gàidhlig neo ann am Beurla) a chur thugainn a bharrachd air foirm-iarrtais air a lìonadh leis an fhiosrachadh air fad a tha a dhìth.

Cuiribh foirmean gu Anne Willoughby, Manaidsear Gnìomha, Fèisean nan Gàidheal, Taigh a’ Mhill, Port-Rìgh, An t-Eilean Sgitheanach, IV51 9BZ neo air post-d gu anne@feisean.scot ro **5f, Dihaoine 16 Cèitean**. Thèid agallamhan a chumail **Diluain 26 Cèitean**.

Airson cothrom conaltraidh gus barrachd fiosrachaidh fhaighinn mun dreuchd, leigibh fios gu Calum Macmhaoilein, Manaidsear Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal, air 01463 225559 no calum@feisean.scot.

FEUMAIDH IARRTASAN A BHITH AGAINN RO 5f, DIHAOINE 16 CÈITEAN 2025.

'S e fastaiche co-ionnanachd chothroman a tha ann am Fèisean nan Gàidheal dealasach a thaobh Obair Chothromach

Tha Fèisean nan Gàidheal riamh air a bhith faiceallach a' dèiligeadh ri fiosrachadh agus ga dhìon. Chithear fios mu phrìobhaideachd tron cheangal seo agus bu chòir dhuibh innse dhuinn mur eil sibh airson conaltradh rinn tro phost-d tuilleadh le bhith a' cur freagairt don seòladh seo, no le fios a chur gu Oifigear Dìon-Dàta na buidhne tro dpo@feisean.org.